

## Duilleag Fiosrachaidh 2

### **SANAS-PEAN AIS SUIDHICHTE RÈ A' PHANDEMIC**

#### **Dè a th' ann an sanas-peanais suidhichte?**

'S e sanas-peanais suidhichte (FPN) càin-sa-bhad a tha am poileas ceadaichte a thoirt seachad airson coire bheag.

Thugadh a-steach sanasan-peanais suidhichte o thus fo Achd Dol-a-mach Mì-shòisealta 2004 mar dhòigh air dèligeadh ri coirean beaga eadar-dhealaichte co-cheangailte ri rian poblach (m.e. briseadh na sìthe, aimhleas mì-rùnach).

#### **Sanasan-peanais suidhichte rè a' phandemic**

Ann an 2020, thug riaghaltasan na RA agus na h-Alba a-steach pìosan reachdais air leth gus

lùghdaich sgaoileadh a' chorònabhiorais (COVID-19) nar coimhearsnachdan.

Tha gach reachdas a' solar chumhachdan fa leth do dh'oifigearan poileis Albannach mar chuideachadh le déanamh cinnteach gu bheilear a' cumail ris na bacaidhean a tha an-sàs air feadh na dùthcha.

Aig bun gnothaich, tha an reachdas Breatannach agus Albannach ag amas air ath-sgaoileadh a

#### Adhbhar

Tha rùn aig a' Phlana Poileis Ro-innleachdail air obair-phoileis ullachadh airson Alba a dhèanamh sàbhailte, dionta is seasmhach. Le seo, feumar seirbheisean a dhealbhadh 's a ghlèidheadh gus an tig iad suas ri iarrtasan a tha ag èirigh 's a' mùthadh ann an àrainneachd a bhios ag atharrachadh gun sguir. Gus tighinn suas ris na h-iarrtasan seo an-dràsta agus san àm ri teachd, feumaidh seirbheis poileas na h-Alba dèanamh suas agus gabhail ri dòighean obrachaidh, poileasadhean is teicneòlasan ùra a bheir comas dhaibh sàbhailteachd is deagh-chor ar coimhearsnachdan a dhòn (mar a rinneadh iomradh ann am Prionnsabhalan Obair-phoileis - Earrann 32 de dh'Achd Ath-Leasachadh a' Phoileis is Luchd-smàlaidh (Alba) 2012).

Chaidh an sreach seo de dhuilleagan fiosrachaidh, a tha air an amas don phoball agus caomhail don chleachdaiche, a dheasachadh gus sealladh a thoirt air na buannachdan aig dòighean obair-phoileis ùra agus aig leasachaidhean a tha ri thighinn, na poileasadhean a bhios gan riaghladh, agus dè tha seo a' ciallachadh a thaobh chòraichean eiticeil, priobhaideachd is daonna.

Cuideachd, dh'fhoillsich Poileas Alba agus Ùghdarris Poileas na h-Alba raon de stuthan co-cheangailte a thèid am post-sheòladh aig deireadh na sgrìobhainn seo fa chomhair tuilleadh leughaidh.

lùghdachadh agus daoine a chumail sàbhailte.

### Bacaidhean fo Riaghailtean Dìon na Slàinte (Còrona-bhioras) (Bacaidhean) (Alba) 2020

- [Achd a' Choròna-bhiorais 2020](#)

Tha a' mhòr-chuid den phoball air gèilleadh ris na riaghailtean a th' ann an-dràsta, agus leanaidh iad orra a' gèilleadh riutha.

Tha an dòigh sa bheilear ri obair-phoileis riatanach a thaobh glèidheadh an rùin aig Poileas Alba airson obair-phoileis a dhèanamh le aonta.

Bu chòir do dh'oifigearan a bhith ri conaltradh, mìneachadh, brosnachadh is co-èigneachadh.

Dh'faodar seo a dhèanamh le faighneachd do dhaoine, buidhnean no gnìomhachasan an cuala iad mu na riaghailtean is bacaidhean ùra.

Leigidh oifigearan cuideam air na cunnartan do shlàinte phoblach agus an NHS. Ma dh'fhaicheadh air oidhirpean leis a' phoileas conaltradh ris an t-sluagh, na riaghailtean is reachdas a mhìneachadh agus daoine a bhrosnachadh gus cumail riutha, nithear gnìomhan co-èigneachaidh.

Faodaidh am poileas:

- innse do dhaoine a bhith sgaileadh
- innse do phàrantan an clann a chasg o bhith a' briseadh nan riaghailtean

- sanas-peanais suidhichte a lìbhrigeadh

Ann an Alba, faodar sanas-peanais suidhichte a lìbhrigeadh do dhaoine os cionn 18 bliadhna a dh'aois, mar na leanas:

- £60 mu choinneamh a' chiad choire, air isleachadh gu £30 ma thèid a phàigheadh an ceann 28 làithean
- £120 mu choinneamh an dùrna coire, 's a' dùblachadh mu choinneamh gach coire a bharrachd suas gu £960 aig a' char as mothà

Ma leanas cuideigin air na h-òrdaighean a leigeil seachad, faodaidh am poileas a chur an làimh ma smaoinicheas iad gu bheil seo cothromach agus a dhith air an t-suidheachadh.

### **Cleachdadh nan sanasan (FPN) le Poileas Alba rè a' phandemic**


Fhuair sgrùdaidhean beachd a' phobaill rè a' phandemic gun robh muinntir na h-Alba cha mhòr gu tur aontach leis na Riaghailtean ùra, gu h-àraighe aig àm a' ghlasaidh thùsail.

Gus dèiligeadh ri feadhainn nach do ghèill ris na Riaghailtean, lean Poileas Alba dòigh-obrach nan '4Es' (i.e. Conaltradh, Mìneachadh, Brosnachadh agus Co-èigneachadh) far an robh an ceathramh fear ag amas am bitheantas air càch a bhris na riaghailtean gu follaiseach no uair is uair.

Rè a' chiad ghreis-ghlasaidh (23 Màrt 2020), chlàraich oifigearan poileis 44,296 eadar-ghabhailean leis a' phoball gu h-iomlan, far nach robh sanas-peanais air a lìbhrigeadh ach ann an 7.2% dhiubh.

Ghrad-èirich cleachdadh shanasan-peanais leis a' phoileas rè a' chiad trì seachdainean dhen phandemic gu an àirde tràth sa Giblean, ach chrom iad mean air mhean an dèidh sin thar tide mar a chithear sa chlàr gu h-ìosal.

Chunnacas grad-dhìreadh ann an cleachdadh shanasan-peanais leis a' phoileas air làithean math gréine, saor-làithean poblach is deireadh-sheachdainean, agus nuair a bhite a' foillseachadh lasachadh air na bacaidhean.




Chaidh 4,327 sanasan-peanais a lìbhrigeadh gu 3,786 daoine, rud a tha a' riochdachadh nas lugha na 0.1% de shluagh na h-Alba.

A-rèir aithisg Comhairle nan Ceannardan Poileis Nàiseanta, chaidh sia càintean a lìbhrigeadh airson gach 10,000 duine an Alba 's sa Chuimrighe rè an ama seo an coimeas ri trì do gach 10,000 an Sasainn. Gidheadh, bha luach trì uiread nas àirde sna càintean ann an Sasainn, rud a dh'fhaodadh a bhith air stairsneach co-dhùnайдhean nan oifigearan a mheudachadh.

## Pròfil shòisio-dheamografach faightearan nan sanasan-peanais

Bha daoine nas òige fada nas buailtiche air sanasan-peanais fhaighinn na daoine nas sine. Tha seo a' freagradh an rannsachaидh a thuirt gun robh daoine òga na b'eucoltaiche gèilleadh ris na Riaghailtean.



Bha fireannaich còrr is trì uiread nas buailtiche na boireannaich air sanasan-peanais fhaighinn ann an Alba; gidheadh, cha mhòr nach b' ionann pròfil nan aoisean am measg faightearan fireann is boireann nan sanasan-peanais.


Bha ro-eachdraidh eucoireach aig ceithir às gach còig faightearan nan sanasan-peanais, agus bha aonar às gach còignear air tighinn gu aire a' phoileis bho chionn còrr is 20 bliadhna. Dh'fhaoidte nach robh feadhainn le eachdraidh de dh'eucoir cho deònach agus/no comasach air

gèilleadh ris na Riaghailtean, no 's dòcha gun robh an neo-ghèilleadh na b' fhaicsinniche don phoileas, no gun robh na bu lugha de dh'fhlangas aig a' phoileas dhaibh.

Bha fiaradh cudromach sa phròifil easbaidheachd aig faightearan nan sanasan-peanais, mar a chithear gu h-ìosal. Bha trian de dh'faightearan shanasan-peanais a' fuireach san 10mh cuid de na nàbaidheachdan as easbaidhiche an Alba (Clàr na h-easbaidheachd 2020).

Bha daoine san decile as àirde de na nàbaidheachdan Albannach as easbaidhiche 11.2 uiread nas buailtiche air sanas-peanais fhaighinn na feadhainn a bha a' fuireach san decile as ìisle. 'S dòcha gun robh an sgaradh seo ann airson adhbharan leithid ìrean eadar-dhealaichte de ghèilleadh ri bacaidhean, cleachdainnean aithrisidh a' phobaill no cur-angniomh ionadail de ghoireasan obair-phoileis.

Tha an t-eadar-dhealachadh sòisiodheamografach seo na shamhla de ìre neo-ionannachd a bharrachd san dòigh air an deach am pandemic fhiosrachadh am measg dreamannan àraidih ann an coimhairsnachdan na h-Alba.



## Coimeas eadar-faughtearan sanais-pheanais aon uaire agus cùrr is aon uair


Chaidh càin a chur cùrr is aon uair air beagan is aon às gach deich faughtearan sanais-pheanais, ach lùghdaich coirean eile leis na h-aon daoine ri tide aig àm a' chiad għlasaidh.

Cha robh eadar-dhealachadh mòr ann am pròfil nam faughtearan aon-uaire is ath-uaire a-rèir gnè, cinneadh no dùthaich thùsail; gidheadh, bha na daoine a fhuair dà no barrachd shanasan-peanais na bu shine, sa chumantas, na faughtearan aon uaire.

Bha mu leth-chuid de dh'faightearan aon uaire is ath-uaire a' fuireach san 20% de na nàbaidheachdan as easbaidhiche an Alba, ach cha robh e na bu choltaiche gum faigheadh daoine a bha a' fuireach ann an coimhairsnachd easbaidheach cùrr is aon sanas-peanais suidhichte.

Bha eachdraidh de dh'eucoirean aig a' mhòr-chuid de dhaoine a fhuair sanas-peanais airson Riaghailtean Coròna a bhriseadh ron phandemic; gidheadh, bha faughtearan ath-uaire gu math na bu buailtiche na faughtearan aon uaire a bhith aithnichte don phoileas a-cheana. Mar a chithear san fhigear gu h-ìosal, bha faughtearan de chòrr is aon sanas-peanais na bu eu-coltaiche a bhith clàraichte fo shiostam eachdraidh nan eucoirean airson a' chiad turais an 2020 agus na bu choltaiche a bhith air an clàradh an toiseach bho chionn cùrr is 20 bliadhna.

Dh'fhaodadh tuigse nas fheàrr air feartan, beusan is beatha nan daoine aig a bheil eachdraidh eucoireach an Alba a bhith feumail airson cnapan-starra do ghèilleadh a lorg, agus airson dèanamh cinnteach ann an dòighean nas fheàrr gun gèill am poball ri bacaidhean slàinte san àm ri teachd.



## Pròfil chruinn-eòlach faightearan sanais-pheanais

Bha caochladh nach beag ann thairis air roinnean poileis san àireamh de dhaoine a fhuair sanasan-peanais suidhichte. Thàinig na sgaraidhean seo gu bhith na bu choile nuair a thugadh fa-near an àireamh-shluagh, ged a bha caochladh ann fhathast, mar a chithear san fhigear gu h-ìosal.

Bha an reat dhaoine don deach sanasan-peanais a lìbhrigeadh na b' àirde ann an taobh an iar na h-Alba agus na b' ìle sa cheann a tuath. Àrèir nan roinnean, bha na reataichean a b' àirde ann am Mòr-roinn Ghlaschu agus na reataichean a b' ìle ann an Lodainn 's na Crìochan.

Cha robh diofar mòr sam bith ann thairis air roinnean a thaobh gnè, aois no a' chlàir-eachdraidh eucoirich aig an fheadhainn a fhuair sanasan-peanais suidhichte.

Bha eadar-dhealachadh nach beag anns a' chuid de dhaoine a fhuair sanas-peanais 's a bha a' fuireach sna coimhearsnachdan as easbhaidhiche thairis air roinnean; gidheadh, dh'atharraich seo ann an co-chòrdadh ri pròfil easbhaidheachd nan sgìrean seo.

Bha an ceudad de dh'fhaightearan sanais-pheanais a bha a' fuireach ann an coimhearsnachdan easbhaidheach aig beagan roinnean na b' àirde na bha dùil, nam measg, roinnean an Ear-thuath, Gàidhealtachd 's na h-Eileanan agus Dùn Phrìs is Gall-ghàidhealaibh; ged a dh'fhaodadh seo a bhith na shambla de luchdsiubhail sna sgìrean seo seach daoine a bha a' còmhnaidh ann.

'S ann aig roinnean Taobh Tatha is Gàidhealtachd 's na h-Eileanan a bha an ceudad as àirde de dhaoine a fhuair sanas-peanais còrr is aon uair; gidheadh, cha do lìbhrig na roinnean seo ach glè bheag de shanasan-peanais uile gu lèir.

## Dè na barantasan sàbhailteachd a tha suidhichte?

Tha sanas-peanais suidhichte fo Achd Dion na Slàinte (Alba) (Bacaidhean) (Coròna-bhioras) a' tabhann don neach do bheilear ga lìbhrigeadh cothrom air càin shuidhichte a phàigheadh ann an co-rèite ris na Riaghailtean seo, an àite a bhith buailteach do dhìteadh airson na coire.

Mar as trice, bidh e iomchaidh do dh'oifigear poileis sanas-peanais suidhichte a lìbhrigeadh ann an suidheachadh far an smaoinicheadh e air aithisg a chur gu Neach-casaid a' Chrùin airson coire bheag co-cheangailte ri peanas suidhichte.

Ma tha an neach am beachd gun deach peanas suidhichte a lìbhrigeadh gu mì-cheart, bu chòir dha fios a chur gu Poileas Alba agus leigeil fhaicinn dhaibh gu bheil e a' tagradh na aghaidh. Bu chòir toirt faneam nam pàigheadh neach a' chàin nach b' urrainn dha dùblan a thoirt don t-sanas-peanais oir bhiodh an cur-às dèanta.

Nuair a bhios an dìultadh seo air leigeil fhaicinn don phoileas, theid aithisg a chur gu Neach-casaid a' Chrùin airson beachdachadh air. Ma cho-dhùineas an Neach-casaid gum bu chòir don chùis a dhol air adhart, dh'fhaodar sumanadh a thoirt don neach gus nochdadh sa chùirt. Ma thachras seo, bidh cothrom aig faightear an t-sanas-pheanais air tagradh an aghaidh na casaide.

## Tuilleadh leughaidh

Faigh a-mach barrachd mun [Bhudheann-comhairleachaidh Neo-eisimeileach air Cumhachdan Coròna-bhiorais.](#)

Leughaidh tu lethbhreac slàn [den aithisq](#) air a bheil an sgrìobhainn seo stèidhichte.

## A' cumail cluas ri claisneachd

Gus cumail suas ri ar n-obair, cùm sùil air [làrach-lìn](#) Ùghdarris Poileas na h-Alba far an urrainn dhut pàipearan fhaighinn agus coimhead air deasbadan comataidh air an sruthadh beò, agus lean rinn air Twitter:

@ScotPolAuth @policescotland

1 Dàmhair 2021